

[Page 71 - Baboushka and the Three Kings](#)ISSUE : [Issue 73](#)

Published by Ronald Caplan on 1998/6/1

Chaidh na coigrich a-mach anns an fhuachd. Lean Brid oirre ag obair, agus nuair a bha i reidh, shuidh i slos gu suipeir aonaranach faisg air a' chagailt. Chaidh blaths an teine a-steach na cridhe, agus dh'fliairich i gradh agus aoibhneas obann airson an Leanaibh. "B'e uaslean gasda a bh'anntasan, agus b'e Righrean iad gu dearbh!" thuirt ise. "Chan e Naoidhean cumanta a tha iad a' sireadh. Feumaidh mise falbh is an leantuinn agus tiodhlagan a thoirt Thuige!" Ann a' mhadainn, dhuisg Brid trath, agus dh'uUaich i airson an tu- rais. Phaisg i tiodhlagan beaga luachmhor ann am poca. Choisich i a- mach anns a t-sneachda shamhach. Sheall i airson lorgan nan coig- reach, ach chbmhdaich an sneachd an t-slighe. Dh'fhaighnich i de dhuine as deaghaidh duine: "Am faca sibh na Tri Righrean?" Ach cha b'urrainn aon fhear, scan no 6g, a freagairt. Bho bhaile gu baile, bho dhoras gu doras, dh'fhaighnich Biid: "Am faca sibh an Naoidhe? an?" Ach fhreagair iad uile, "Chan fhaca." Agus gach bliadhna, aig an am seo, their iad gum bi Brid a' sireadh an Naoidhean le dochas m na cridhe. Their iad gum bi a' chlann a' feitheamh ri Biid agus ris na tiodhlagan beaga luachmhor a bhitheas i BABOUSHM AND THE THREE KINGS bl) Rtitli Kobbius * illustrnted bi) Nicolas Sidj